

Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich | An Comunn Gàidhealach Newsletter

Teachdaireachd bhon Cheann-suidhe

Air adhart gu ruige Glaschu!

Tha Mòd Nàiseanta Rìoghail eile seachad agus tha mi 'n dòchas gum bheil daoine air tilleadh dhachaigh le deagh chuimhneachain, agus air an ath-mhisneachadh nan dileab càinain agus cultair. Gun teagamh tha aimsir a' toirt buaidh air a' chuimhne a bhios againn air leithid de thachartas ach na mo bheachd fhìn tha ùrachadh eòlais air seann charaidean agus tlachd eòlais air caraidean ùr os cionn sin. Bidh mòran a' cur luach air èisteachd agus coinneachadh ris a' chòmhlan Ceòlraidh a shiubhail à Buenos Aires gus pàirt a ghabhail aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Ged a tha freumhan an dualchais aig cuid aca, tha sin fada air ais, ach dhearbh iad gun deach aca air faclan nan òran ionnsachadh fior mhath agus gun robh grèim aca air a' cheòl cuideachd. Tha fichead bliadhna bho thòisich Guillermo Santana MacKinlay air a Ghàidhlig ionnsachadh agus 's ann nuair a thòisich e air feadhainn eile oideachadh a smaoinich e air òrain mar mheadhan air a' chànan a theagast dhaibh. B' e ceum dearbhaidh air leth a bh' ann dhaibh tighinn thar a' Chuain Shiar gus an cuid ealantais ciùil is cainnt fhoillseachadh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail! Mo mhile beannachd aca, agus tha mi 'n dòchas gun d' fhuair iad misneachadh cumail air adhart leis a' Ghàidhlig agus an cuid seinn, agus 's dòcha fiù 's tilleadh chun a' Mhòd uair eile!

Sin gun teagamh an t-amas a bhios aig mòran a bha an sàs an Dùn Omhain, agus fhad 's a bhios luchd-tadhail a' dol air ais am bogadh nan saoghal obrach àbhaisteach, bidh luchd-seinn is eile a' tòiseachadh air deasachadh airson an ath Mhòd! Chan iadsan a-mhàin a tha ri leithid sin! Am bitheantas a-nise tha obair-deasachaidh a' dol air suas ri ceithir Mòdan Nàiseanta aig an aon àm, agus tha Comataidhean Eagrachaidh fa leth trang a' tional airgead agus a' sireadh taic de gach seòrsa. 'S e pàirt den obair-deasachaidh sin fiosrachadh a sgaoileadh feadh choimhearsnachd gnìomhachais sgìrean aoigheachd gach Mòd gus luchd-gnothaich a bhrosnachadh gus barrachd ceangal a dhèanamh leis na tachartasan. Cha bu chòir nàire sam bith a bhith oirnn sin a shùileachadh bhuapa is measadh neo-eisimeileach air gach Mòd Nàiseanta Rìoghail a' sealltainn gum bheil e a' cur buannachd eaconamach eadar a dhà gu leth agus trì gu leth millean not ris an sgìre aoigheachd gach bliadhna!

Ailean Caimbeul

Ceann-suidhe - An Comunn Gàidhealach

A Message from the President

Forward to Glasgow!

Another Royal National Mod is over and I very much hope that visitors and participants have returned home with good memories and also with renewed commitment and confidence in their linguistic and cultural heritage. While it is undoubtedly true to say that weather conditions colour our memories of such an event in my own view the joy of renewing old friendships and the pleasure of establishing new friends surpasses this. Many will have taken pleasure in listening to, and meeting, members of the chorister group Ceolraidh who travelled from Buenos Aires to participate in the Royal National Mod. Although some of the members have Gaelic cultural roots these are well in the past, but they proved that they had learned and mastered the song lyrics well and that they had also acquired an excellent grasp of the music. It is twenty years since Guillermo Santana MacKinlay started learning Gaelic and it was when he commenced teaching others the language that he thought of using songs as a means of helping language acquisition. Their journey across the Atlantic to demonstrate their language and music skills was an extraordinary test of their achievements! My warmest congratulations to them, and I hope that they were encouraged to continue with their Gaelic learning and singing and possibly even to return again to the Mod!

That will certainly be the aspiration for many competitors who participated at Dunoon and as other visitors and audience members re-immerse themselves in their everyday working lives some singers and other competition participants will be starting to prepare for the next Mod! They are not alone in such a task! Generally now we have up to four National Mods in preparation simultaneously and the various Local Organising Committees are busy raising funds and seeking support of all kinds in their areas. Part of that preparatory activity is to publicise information about the events to the business community of each Mod host area to encourage greater involvement with the events. We should certainly not feel any embarrassment at seeking such support when independent economic impact analysis of each Royal National Mod indicates a benefit of between two and a half and three and a half million pounds to the host area!

Allan Campbell

President, An Comunn Gàidhealach



Atharrachaidhean san Sgioba

Tha sinn gu math duilich innse dhuibh gu bheil Alison Brus, Oifigeart a' Mhòid, a' fàgail a dh' aithghearr agus i a' glusasad sìos a Ghlaschu.

Tha Alison air a bhith ag obair còmhla rinn bho 2014 agus tha e air a bhith na bhuanachd dhan Chomunn, neach-obrach mar Alison a bhith mar phàirt den sgioba againn. Tha i air sàr-obair a dhèanamh leis an siostam air-loidhne agus na meadhanan sòisealta againn thairis air na bliadhnaichean. Tha i air a bhith dileas san obair aice, tha i càirdeil agus spòrsail agus ionndrainnaidh sinn gu mòr i san ofis.

Tha sinn a' guidhe gach soirbheachas dha Alison ann an Glaschu.

Bidh Marina NicAoidh cuideachd a' sgur a dh' aithghearr, agus i a' dol air fòrladh màthaireil anns na seachdainean a tha romhainn agus dùil aice ri leanabh aig toiseach an Dùblachd. Tha sinn a' guidhe gach dùrachd agus toileachas dha Marina, Dòmhnull agus Ellie sna mìosan a tha ri teachd.

Talla Nan Seòid 2018

Naidheachd air leth math a-nise mu te san sgioba againn. Tha sinn cho toilichte gu bheil Peigi Nicllinnein gu bhith a' nochdadadh ann an Talla nan Seòid aig Hands Up for Trad san Dùblachd — agus gu dearbha,'s i a tha airidh air. Meal do naidheachd a Pheigi!

Chaidh ainm Pheigi a chur air adhart airson an sàr-dhuais seo air sgàth's an obair a tha i air a bhith a' dèanamh gu saor-thoileach airson cultar agus ceòl na Gàidhlig thairis air na bliadhnaichean, gu sònraichte airson an obair a tha i air a bhith a' dèanamh a thaobh Fèis Eilean an Fhraoch ann an Leòdhas ach cuideachd airson an obair a bhios i a' dèanamh airson na Mòdan, aig ìre ionadail agus nàiseanta.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mun duais [an seo](#):

Tha sinn cho pròiseil asad a' Pheigi a' ghràidh!

Bhon h-uile duine aig An Comunn Gàidhealach

xxx

Staff Changes

We are sad to share the news that Alison Bruce, Mod Officer will be leaving our team in the coming weeks as she heads off to pastures new in Glasgow.

Alison has been working with us since 2014 and has been a great asset to An Comunn Gàidhealach. She has done a tremendous amount of work on our online system and our social media platforms over the last few years. She is extremely dedicated and hard-working and we will miss her bubbly personality in the office.

We wish her all the best in her new ventures in Glasgow.

Marina Mackay will also be going off in the coming weeks as she commences her maternity leave. Marina is due to have her baby at the beginning of December. We wish Marina, Domhnall and Ellie all the very best in the coming months.

Scottish Traditional Music Hall of Fame 2018

We now share some wonderful news with our readers about one of our team. We are delighted that Peigi MacLennan is being inducted into the Hands Up For Trad Traditional Music Hall of Fame in December and there is nobody more worthy of such an honour than Peigi—congratulations!

Peigi's name was put forward for this prestigious award primarily because of the voluntary work she has done for Gaelic music and culture, particularly for the work she does for Fèis Eilean an Fhraoch in Lewis but also for her work with the Mods, at both Local and National level.

You can read a full report on Peigi's nomination [here](#):

We are so proud of you Peigi!

From all at An Comunn Gàidhealach

xxx



Mòdan ri Teachd

Future Royal National Mod Dates



Glaschu – 11-19 Dàmhair 2019
Inbhir Nis - 9-17 Dàmhair 2020
Peairt - 8 -16 Dàmhair 2021
Pàislig - 14-22 Dàmhair 2022

Cumaibh sùil air làrach-lìn a' Chomuinn agus na meadhanan sòisealta againn!
Keep an eye on our website and social media pages for regular updates!



Mòdan Ionadail 2019

Provincial Mods 2019



Tha na Mòdan Ionadail uile seachad airson bliadhna eile a-nise, 's math a rinn sibh uile agus taing mhòr dhan h-uile duine a bha nan lùib.

Feuch gun cur sibh thugainn na cinn-latha airson Mòdan Ionadail 2019 nuair a thèid an dearbhadh agus cuiridh sinn air an làrach-lìn iad dhuibh.

seonag@ancomunn.co.uk
01463 709 705

That's all the Provincial Mods for this year over now, many thanks to all who were involved in organising and taking part in this year's Mods.

Be sure to send us the dates for the 2019 Provincial Mods once they are confirmed and we will publish them on our website for you.

seonag@ancomunn.co.uk
01463 709 705



Cuaire-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich

Anns na mìosan a tha romhainn, dh' fhaodadh nach bidh a' chuaire-litir air a sgaoileadh mar is àbhaist.

Cumaibh sùil air an làrach-lìn agus air na meadhanan sòisealta againn airson naidheachdan sam bith.

An Comunn Gàidhealach Newsletter

We may not be able to produce a regular newsletter over the coming months due to operational changes.

Keep an eye on our website and social media pages for regular updates.

Bileagan Breithneachaidh

Mur an d' fhuair sibh cothrom na billeagan breithneachaidh agaibh a thogail an Dùn Omhain, na gabh dragh, thèid iad a-mach sa' phost anns na seachdainean a tha romhain.

Adjudication Sheets

If you did not get to collect your adjudication sheets in Dunoon, these will be posted out to you in the coming weeks.

Pìosan ainmichte Mòd 2019

Gheibhear Leabhran nam Pìosan Ainmichte airson Mòd 2019 bho na h-ofisean againn a-nise.

Cuiribh fòn air 01463 709 705 airson tuilleadh fiosrachadh
No cuiribh post-d gu seonag@ancomunn.co.uk

Mod 2019 Prescribed Music

Prescribed Pieces for Mòd 2019 are now available from our offices.

To place an order please call 01463 709 705
or email seonag@ancomunn.co.uk

Tòraidhean Mòd 2018

Gheibhear liosta tòraidhean airson gach farpais air an làrach-lìn againn.

Bruthaibh air a' cheangal gu h-ìosal:
http://enter.ancomunn.co.uk/competitions/winners/event_id:7

Mòd 2018 Results

You can find results from this year's competitions on our website.

Click on the following link:

http://enter.ancomunn.co.uk/competitions/winners/event_id:7

Dealbhan Mòd 2018

Chìtheart dealbhan oifigeil a' Mhòid air làrach-lìn Graham Hood.

Bruthaibh air an ceangal gu h-ìosal:

www.grahamhoodphotography.com

Mòd 2018 Photography

All of the official Mod photographs can be viewed on Graham Hood's website.

Click on the following link:

www.grahamhoodphotography.com

Duaisean a' Mhòid

Ma bhuanach sibh duais am bliadhna, agus mur an robh bogsa còmhla ris, cuiribh fios gu Seonag ann an ofis Inbhir Nis:

01463 709 705

Mod Trophies

If you won a trophy at this year's Mod but do not have the box for it, please contact Seonag in our Inverness office:

01463 709 705

Buill a' Chomuinn

Bheil sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach?

Gheibh buill lùghdachadh **50%** air ticeadan airson prìomh fharpaisean a' Mhòid—sàbhaladh mòr!

Cosgaidh ballrachd £15 / £5 (Òigridh / Oileanaich)

Airson tuilleadh fiosrachadh, cuiribh post-d gu peigi@ancomunn.co.uk
no cuiribh fòn air 01851 703 487.

An Comunn Gàidhealach Members

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

Members receive a **50%** reduction on the price of the premier Mod events—a huge saving!

Membership costs £15 / £5 (Junior / Student)

For further information, please contact peigi@ancomunn.co.uk
or telephone 01851 703 487.

Tosgaire na Gàidhlig 2018 | Gaelic Ambassador of the Year Award 2018



Tosgaire Gàidhlig na Bliadhna

Chaidh urram Tosgaire Gàidhlig na Bliadhna, le Riaghaltas na h-Alba a bhuileachadh air Elidh NicArmaig aig Mòd Nàiseanta Rioghail na bliadhna seo. 'S ann à Port Righ a tha Elidh, 22.

'B e Micheal Ruiseal, BPA a thug seachad an duais dha Eilidh. Tha an duais a mothachadh na tha Eilidh air a dhèanamh ann an coimhlearsnachd na Gàidhlig.

Meal an naidheachd ort Eilidh!

Gaelic Ambassador of the Year Award

This year's Scottish Government Gaelic Ambassador of the Year Award was awarded to 22 year old Eilidh Cormack from Portree.

The award was presented by Michael Russell, MSP. The award celebrates how much she has accomplished within the Gaelic community at such a young age.

Many congratulations Eilidh!



Mòd na Cloinne | Children's Mod



Royal National Mòd



royalnationalmod



@NationalMod



nationalmod



An Aigeallan Airgid | Silver Pendant Winners

Eileen Duncan, Tunga agus Mikie MacEanraig, Keiss, luchd-buannachaidh An Aigeallan Argid 2018. Mealaibh bh' ur naidheachd!

Eileen Duncan, Tongue and Mikie Henderson, Keiss, winners of this year's Silver Pendant. Many congratulations!

Buinn Òir a' Chomuinn | Gold Medal Winners

Ceitidh Chaimbeul, Inbhir Nis agus Ruairidh MacCarmaig , Port Rìgh, luchd-buannachaidh Buinn Òir a' Chomuinn Ghàidhealaich 2018 leis na buinn aca. Mealaibh bh' ur naidheachd!

Ceitidh Campbell, Inverness and Ruairidh Cormack, Portree, with their An Comunn Gàidhealach Gold Medals. Many congratulations!



Buinn Òir an t-Seann Nòis | Traditional Gold Medal Winners

Steaphanaidh Chaimbeul agus Ciaran Iòsaph MacAonghais a bhuannaich Buinn Òir an t-Seann Nòis am bliadhna. Mealaibh bh' ur naidheachd!

Steaphanaidh Campbell and Kieran Joseph Macinnes are this year's winners of the Traditional Gold Medal. Congratulations!



Neach-Ionnsachaidh na Blìadhna 2018 | Gaelic Learner of the Year 2018: Izzy Flower

À Dùn Bàrr bho thùs, tha Iseabail na h-oileanach aig Oïlthigh Ghlacshu agus aig Sabhal Mòr Ostaig am bliadhna. Bha ùidh aice riamh ann an cànanan ach cha b' ann gus a' bhliadhna mu dheireadh aice ann an Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig a fhuair i an cothrom Gàidhlig a dhèanamh 'son a' chìad uair. Bhon uair sin tha Iseabail air obair ionmholta a dhèanamh, is i a-nis fileanta sa Ghàidhlig is air leth dealasach mun chànan anns a h-uile dòigh.

Originally from Dunbar, Izzy is a student at the University of Glasgow who has recently spent a year studying Gaelic at Sabhal Mòr Ostaig. She always had a keen interest in languages, but it was only in her final year in James Gillespies High School that she got the opportunity to learn Gaelic. Since then Izzy has done incredibly well, achieving fluency in Gaelic and is full of enthusiasm for the language and all that it entails. Congratulations, Izzy!



Dannsa Gàidhealach 2018 / Highland Dancing 2018

Chìthean gu h-lòsal dealbh no dhà bho fharpaisean Dannsa Gàidhealach na bliadhna seo—’s math a rinn sibh uile!


Gheibhean tuilleadh fiosrachadh air na farpaisean dannsa aig:

<http://www.toeandheel.com/results2.php?id=6915&lat=55.954491&lng=-4.926891>

Below are a selection of photos from this year’s Highland Dancing competitions—well done all the dancers!

Please click on the following link to view more information on dancing competitions:

<http://www.toeandheel.com/results2.php?id=6915&lat=55.954491&lng=-4.926891>



Farpaisean Clàrsach 2018 / Clàrsach Competitions 2018

Chaidh farpaisean Clàrsach a chumail air Diciadain 17 Dàmhair. Meal an naidheachd air a h-uile duine a ghabh pàirt!

The Clàrsach Competitions took place on Wednesday 17th October. Congratulations to all who took part!

Tadhlaibh air [làrach-lìn Graham Hood](#) airson dealbhan Mòd 2018 / Please visit [Graham Hood's website](#) for photos from Mòd 2018.





Latha nan Còisirean Dùthchail | Rural Choirs



Latha nan Còisirean Sgìreil | Area Choirs



Caismeachd nan Còisirean 2018 | Massed Choirs



Taing bho Comataidh Ionadail Dhùn Omhain

Tha Mòd Nàiseanta Rìoghail Dhùn Omhain a-nis seachad le farpaisich agus luchd-siubhail don bhaile uile ag aontachadh gur e Mòd soirbheachail a bh' ann.

Chòrd an turas riutha a Dhùn Omhain agus bha iad uile den bheachd gun robh na tallaichean, na farpaisean, na stiùbhardan agus gnothaichean còmhdaile uile math dha rireabh.

Chuidich timcheall air 120 neach an Comataidh Ionadail gu saor-thoileach le bhith a' cur air dòigh Mòd Dhùn Omhain 2018 agus thug buidhnean ionadail taic-airgid airson sgeadachadh a' bhaile, airson còmhlan an Dannsa Deirinneach agus mar sin air adhart. Chaidh tòrr obair a chur ann bhon bhaile fhèin.

Tha an Comataidh Ionadail air iomadach teachdaireachd fhaighinn a' cur meal an naidheachd orra airson an obair a rinn iad agus airson Mòd mhath a chumail.

Thàinig iomall a' Mhòid gu crìoch le dannsa deireannach far an robh suas gu 400 neach a' dannsa gu 4m. Bha mòran an làthair aig Caismeachd nan Còisirean madainn Disathairne cuideachd, còmhla ri Còmhlan Phìoba Dùn Omhain Earra Ghàidheal. Madainn air leth le seinn àlainn gus seachdain sònraichte a thoirt gu crìoch.

Tha Comataidh Ionadail Mòd Dhùn Omhain agus na buidhnean taic air sealltainn gur e àite air leth freagarrach a th' ann an Dùn Omhain airson Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail agus thathar a' coimhead air adhart ri faicinn dè an cò-dhùnadh a thig bho na còmhraighean eadar An Comunn Gàidhealach agus Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid a thaobh Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail san sgìre.

Tha Comataidh Ionadail Dhùn Omhain airson taing mhòr a thoirt dhan h-uile duine (An Comunn Gàidhealach, Comhairle Earra Ghàidheal is Bhòid, na Poilis, Seirbheis Smàlaidh, muinntir na coimhairsnachd, buidhnean taic) airson an taic a thug iad uile gus dèanamh cinnteach gum biodh Mòd Nàiseanta Rìoghail air leth soirbheachail an Dùn Omhain am bliadhna.

Tha sinn an dòchas gum faic sinn a-rithist sibh an Dùn Omhain!

Thanks from the Dunoon Local Committee

The Royal National Mod, Dunoon 2018, has now concluded with competitors and visitors acclaiming the Mod and the local arrangements as a magnificent and successful event.

All enjoyed their visit to Dunoon, confirming that the arrangements from venue selection, competition stewarding, and the transport arrangements were all a resounding success.

Approximately 120 local volunteers supported the Local Organising Committee in hosting Mod Dunoon 2018 with local businesses also sponsoring the town decorations, the final dance and other supporting activities. This was a huge partnership effort by the local community.

The Local Organising Committee have received many letters and communications congratulating them for all their efficiencies and support and for making the Mod a very enjoyable experience for all.

The week of fringe activities concluded with a final dance where some 400 people danced the night away until 4am. The Massed Choir event held on the last Saturday was also attended by high numbers of Choristers and friends with a parade through the town led by Dunoon Argyll Pipe Band. An enjoyable morning of song was experienced by all in attendance as a finale to a great week of enjoyable activities.

The Local Organising Committee together with their partners have demonstrated once again that Dunoon is an ideal venue to host the Royal National Mod and are looking forward with enthusiasm to a positive conclusion with the discussions that are currently progressing between An Comunn Gàidhealach and Argyll and Bute Council and that Dunoon as a Town will feature and host future Royal National Mods.

The Local Organising Committee would like to express their appreciation and grateful thanks to all (An Comunn, Argyll and Bute Council, Police, Fire Services, Community Volunteers and Business Support) for their contributions and support and for assisting in making the Royal National Mod Dunoon 2018 the huge success that it was.

We hope to see you again soon in Dunoon!



**An Comunn Gaidhealach
Meur Inbhir Nis (Inverness Branch)**

**Proposed Soup Pudding and Coffee Dates
for 2018/2019**

Samhain / November - Saturday 10th 2018

Dùblachd / December - Saturday 15th 2018

Faoilleach / January - Saturday 19th 2019

Gearran / February - Saturday 16th 2019

Màrt / March - Saturday 16th 2019

Giblean / April - Saturday 20th 2019

***Cuiribh fios gu Seònайд NicDhòmhnaill ro 2 Samhain ma tha sibh airson a bhith aig an dìneir ***

Please contact Janet Macdonald by 2 November if you would like to attend the meal.

01688 302 351

80th ANNIVERSARY MOD IONADACH NA DREOLLUINN DINNER/CEILIDH/DANCE

Saturday 10th November
ISLE OF MULL HOTEL

Ceilidh and Dance Free
3 Course Dinner £20
B&B Twin/Double £50 Single £40

*Various Gold Medal Winning Artists
With others Appearing*

It is also Mull Gaelic Choir's 40th year!
All Welcome Performers or Non Performers
Remember The Ceilidh Dance is FREE

Come to our beautiful isle for a great night! Why not spend a day or two as well?

Booking Dinner Janet MacDonald 01688 302351
Booking B and B Isle of Mull Hotel 01680 812544

THE CLARSACH SOCIETY

SCHOLARSHIP

DEADLINE
1st OF NOVEMBER



www.clarsachsociety.co.uk

Tha tide ann fhathast airson cuir a-staigh airson sgoilearachd Comunn na Clàrsach. Tadhlaibh air an làrach-lìn againn airson foirm-iarrtais:

<https://www.clarsachsociety.co.uk/about-us/scholarship>

Bidh cothrom agaibh taic £300 fhaighinn airson cosgaisean teagasc agus cosgaisean airson àite-fuirich air càrsaichean sònraichte le blas Albannach no airson leasannan prìobhaideach no airson ionnsramaidean fhaighinn air màl. Gheibhean an fhiosrachadh gu lèir anns am foirm-iarrtais.

There's still time to submit an application for The Clarsach Society Scholarship. Visit our website for the application form:

<https://www.clarsachsociety.co.uk/about-us/scholarship>

The Scholarship provides a fund of £300 financial support for Clarsach players of ANY AGE and is for use towards the cost of tuition and accommodation at an approved course with a Scottish content or for a course of private lessons, or instrument hire. Full conditions are enclosed within the application form.

www.clarsachsociety.co.uk

Post-Mòd Cèilidh 2018 ann an Talla Baile Steòrnabhaigh

Tha e-Sgoil gu bhith cumail Cèilidh ann an Talla Baile Steòrnabhaigh air Dihaoine 2na den t-Samhain gus cothrom a thoirt do dhaoine nach deach chun a' Mhòd am-bliadhna èisteachd ri tàlant na sgìre. Bidh measgachadh ann de shean is òg, còisirean, corra neach a bhios a' seinn nan aonar agus luchd-ciùil de gach seòrsa.

Tòisichidh an oidhche aig 7:30f le còisirean is seinneadairean an eilein, mus cluich còmhlan son dannsa bho mu 9:30f. Bidh a' chiad pàirt den oidhche an-asgaidh le cosgais £7 an duine airson an dannsa, le tiocaidean ri fhaighinn air an doras.

Tha fàilte air sean is òg is tha sinn an dòchas gum bi oidhche thlachdmhòr aig a h-uile duine!

Post-Mòd Cèilidh 2018 in Stornoway Town Hall

e-Sgoil is holding a Post-Mòd Cèilidh in Stornoway Town Hall on Friday 2nd November to give people who didn't make it to this year's Mod a chance to listen to our local talent. There will be a mix of young and old, choirs, some soloists, as well as a range of musicians.

The evening will begin at 7:30pm with the island's choirs and singers, followed by a cèilidh band playing for a dance from around 9:30pm. The first part of the evening will be free, and tickets for the dance will be £7 per person and will be available on the door.

All ages are welcome and we hope that everyone will have an enjoyable evening!

POST-MÒD CEILIDH 2018

Talla Baile Steòrnabhaigh
Stornoway Town Hall
Dihaoine 02/11/18

19:30 Còisirean is seinneadairean
(choirs & soloists)
AN-ASGAIDH (free)

21:30 Dannsa (cèilidh dance)
£7 tiocaidean aig an doras (tickets on the door)

Càrn mòr ga thogail aig Ceumnachd an t-Sabhal Mhòir

Chaidh oidhche mhòr a chumail ann an Slèite air Dihaoine 5 Dàmhair a' comharrachadh Ceumnachd Shabhal Mòr Ostaig UHI, an t-Ionad Nàiseanta airson Cànan is Cultar na Gàidhlig.

Cheumnaich 64 oilleanaich agus iad a' toirt teisteanas a-mach aig diofar irean, eadar teisteanas àrd-ìre, dioplòma, ceum, ceum le urram, for-cheum agus PhD. Am-bliadhna, thathar a' comharrachadh àireamh mhòr de dh'oileanaich a fhuaireann ceum le urram, agus gu sònraichte gu bheil an àireamh as mothà riamh, bho chaidh a' Cholaiste a stèidheachadh, a' ceumnachadh le ceum le urram aig a' chiad ìre.

Thug Aonghas MacLeòid, Cathraiche Bòrd Stiùiridh an t-Sabhal Mhòir, seachad a' chiad aithris is e ag ràdh: "45 bliadhna air ais, chaidh Sabhal Mòr Ostaig a stèidheachadh gus cothroman ùra a thoirt dhan Ghàidhlig. B' e ar feallsanachd cànan is cultar nan Gàidheal a dhòn, a chur gu feum gu reachdmhor, a bhrosnachadh agus a leasachadh. 'S e sin fhathast ar prìomh amas, gach latha agus gach bliadhna."

'S e cuirm na bliadhna seo a' chiad Cheumnaich le Prionnsapal agus Iar-phrionnsapal ùr aig an stiùir, agus an Dr. Gillian Rothach is an Dr. Marsaili NicLeòid air tòiseachadh sna dreuchdan sin bho chionn ghoirid.

Thuirt Iar-phrionnsapal agus Stiùiriche Foghlaim SMO, Marsaili NicLeòid: "S e fior adhbhar toileachais a th' ann gu bheil còrr is trì ficead a' ceumnachadh le teisteanas no ceum am-bliadhna agus an àireamh as mothà riamh a' ceumnachadh le ceum le urram aig a' chiad ìre. Tha sinn moiteil dha-rìribh às an luchd-ceumnachaidh ùra agus iad a' cur ri còrr is mìle oileanach a tha air ceumnachadh bhon a' Cholaiste anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh, agus an cuid chomasan rim faicinn air feadh an t-saoghail."

Tha prògram ceuma na Colaiste a' gabhail a-steach diofar chuspairean leithid foghlam, nam meadhanan, leasachadh, ceòl traidiseanta agus cultar na Gàidhlig. Tha na cuspairéan seo uile gan teagasc tron Ghàidhlig agus gan dearbhadh le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean.

Thuirt Prionnsapal Shabhal Mòr Ostaig, an Dr. Gillian Rothach: "Tha sinn uabhasach moiteil às a h-uile oileanach a tha a' ceumnachadh aig Sabhal Mòr Ostaig an-diugh. Ann an eilean seo, far nach robh, aig aon àm, fiù 's foghlam bun-sgoile ri fhaighinn tron Ghàidhlig, bidh sinne aig an t-Sabhal Mhòr a' taigsinn sreach slàn de theisteanasan treas-ìre, eadar preantasachdan, HNC, HND, BA, BA le Urram, Leasachadh Proifeiseanta, Maighstreachd agus PhD. Tha a h-uile càrsa sin ga libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig agus bidh sinn ag ullachadh sàr luchd-obrach fileanta airson saoghal na h-obrach - chithear sin anns na teisteanasan is duaisean a choisinn an luchd-ceumnachaidh an-diugh.

Tha e na adhbhar toileachais dhuinn cuideachd gu bheil oilleanaich a' ceumnachadh aig aoisean agus à ceàrnaidhean is suidheachaidhean eadar-dhealaichte a tha mar thoradh air na càrsaichean againn aig Sabhal Mòr Ostaig a tha fosgalte don a h-

uile duine. Tha sinn cuideachd a' comharrachadh ceumnachadh nan oilleanach a chaidh a theagasc an com-pàirteachas le Oilthigh Obar Dheathain; tha an com-pàirteachas seo air a bhith glè shoibhreachail is sinn a' trèanadh thidsearan ùra airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha fadachd oirnn a bhith a' leantainn ceumnachadh an luchd-teagaisg seo san àm ri teachd le ceumnachadh bhon chùrsa ùr againn fhèin tro mheadhan na Gàidhlig a tha stèidhichte aig an t-Sabhal Mhòr, Gàidhlig agus Foghlam, a tha a' trèanadh oilleanaich airson teagasc bun-sgoile is àrd-sgoile. Tha sinn a' guidhe gach soibhreachaidh leis an luchd-ceumnachaidh againn agus an dòchas nach bi iad nan strainnsearan is gun till iad a chèilidh oirnn a-rithist!"

A thuilleadh air na teisteanasan acadaimigeach a chaidh a thoirt seachad, chaidh urram Sàr-Ghàidheil na bliadhna a bhuleachadh air dithis a tha air saothair mhòr a dhèanamh a thaobh dualchas, cultar agus cor na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean. 'S iad sin Mairead NicLeòid, à Ceann Phàdraig agus Iain MacPhàrlain, à Muile.

Lean an Dr Rothach oirre is i ag ràdh: "'S e urram mòr a bh' ann a bhith a' comharrachadh obair air leth do chànan is cultar nan Gàidheal le dithis Ghàidheal ionraiteach - dithis a bhios a' brosnachadh na Gàidhlig tro an cuid saothrach agus misneachd - Mairead NicLeòid, à Ceann Phàdraig agus a thogadh an sin leis a' Ghàidhlig ga bruidhinn san dachaigh; agus Brigadier Iain MacPhàrlain, à Muile.

Cuideachd, chaidh Duais Cuimhneachaidh Niamh NicEanraig a thoirt seachad, mar chuimhneachan air an oilleanach, à Malaig, a dh' eug gu h-aithghearr an-uirdh. Bha Niamh air a' chiad bliadhna aig a' Cholaiste, à' dèanamh Cùrsa Gàidhlig is Conaltradh.

Chaidh Òraid na Ceumnachd a thoirt seachad le Flòraidh Guidi, Ceannard Bhun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, agus chuir i briathran misneachail dha-rìribh an cèill dhan luchd-ceumnachaidh a bha an làthair. "'S i abairt na sgoile, 'Nì clachan beaga tric càrn mòr uaireigin'. Dhuibhse a tha a' ceumnachadh an-diugh, tha sibh ri ur moladh airson na h-obrach mòire a rinn sibh air an t-slighe chun an càrn agaibh fhèin a thogail. Bu toil leam gun smaoinich sibh mu na gnothaichean a chuireadh sibh air càrn ur beatha, agus cuideachd gum beachdaich sibh air na h-amasan a th' agaibh anns an àm ri teachd.

"Tha Sabhal Mòr Ostaig a' faighinn àite sònraichte air a' chàrn. Tha muinntir na Colaiste air a bhith cho taiceil dhomh thairis air na bliadhnaichean, agus bu toil leam an cothrom seo a ghabhail taing a thoirt dhuibhse a bha is a tha ag obair innte, oir às aonais na h-obrach a chaidh a dhèanamh an seo, cha bhiodh an t-ath-bheothachadh a tha air tighinn air a' chànan air tachairt."



Graduation success at the highest level for Sabhal Mòr Ostaig UHI

An evening of celebration was held at Sabhal Mòr Ostaig UHI in Sleat last Friday (5 October) at the annual Graduation Ceremony which took place at the National Centre for Gaelic Language and Culture.

In total 64 students graduated from the undergraduate and postgraduate programme which the College offers, with particular success in the increased number of students graduating with Honours Degrees and indeed the highest number of first-class Honours awards achieved in Sabhal Mòr Ostaig's 45 year history.

Chairman of the Board of Directors at SMO, Angus Macleod, addressed those present: "45 years ago, Sabhal Mòr Ostaig was established to reignite Gaelic and create new opportunities. The underlying philosophy for the Gaelic language and culture was to protect, utilise, encourage and develop it. That is still our main aim, every day and every year."

This year's Graduation welcomed a new Principal and Vice-Principal, with Dr Gillian Rothach and Dr Marsaili MacLeod having recently taken over from Prof Boyd Robertson and John Norman Macleod.

Vice-Principal and Director of Education, Dr Marsaili MacLeod said: "It gives us great pleasure that over 60 students are graduating today and that the highest number in the College's history are graduating with a first class Degree. We are very proud of all those graduating and now joining our Alumni community of over 1000 students whose talents and skills are flourishing the world over."

The degree programme offered at the College includes a range of subjects with Gaelic, such as teaching, media studies, Gaelic development, traditional music and Gaelic culture. All of these subjects are taught through Gaelic immersion techniques and are validated by UHI.

Dr Gillian Rothach, Principal of Sabhal Mòr Ostaig, said: "We are extremely proud of all of our students who are graduating today here at Sabhal Mòr Ostaig in Skye. Where once there was not even primary education available in Gaelic, today we at Sabhal Mòr can offer students a full range of tertiary qualifications, from an apprenticeship, to an HNC, HND, BA, BA Honours, Continuing Professional Development, Masters and PhD.

"Another highlight today for us is that the graduates are of every age and background, showing that our courses are open and inclusive of all who gain a place at Sabhal Mòr Ostaig. We also mark the graduation of students taught together with the University of Aberdeen; this partnership has been fruitful in producing new Gaelic medium primary teachers. We look forward to following this with future cohorts of students graduating from our new Gaelic-medium course based at Sabhal Mòr, in Gaelic and Education, which trains students to become Gaelic-medium primary and secondary teachers. We wish our graduates every success and hope that they will keep in touch!"

In addition to celebrating the academic achievements of students, the annual honour of Sàr Ghàidheal was awarded to two individuals in recognition of their tremendous contribution and dedication to the Gaelic language and culture - Margaret MacLeod from Peterhead and Lewis, and Iain MacFarlane from Mull.

Dr Rothach continued: "It was an honour indeed to mark the extraordinary contributions to the Gaelic language and culture of two Gaels - who promote the language and culture with generosity and vigour - Margaret Macleod from Peterhead and Brigadier Iain MacFarlane, from Mull.

An award was also given in memory of Niamh Henderson, from Mallaig, who was a student at the College and who passed away suddenly last year. Niamh was a first year student studying Gàidhlig is Conaltradh.

This year's Graduation lecture was delivered by Flora Guidi, Headteacher of Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh, and she had some inspiring words for all present: "Our school motto is 'Ni clachan beaga tric càrn mòr uaireigin' (Tall oaks from little acorns grow). I congratulate all those graduating here today, you are to be praised for your hard work as you prepare to build your own life. Consider what is important to you and what your future aims will be.

"Sabhal Mòr Ostaig is a special place to me. The College community have been so supportive to me throughout the years and I would like to thank all staff, past and present, and the tremendous work that has been done, without which the reignition of the language would not have happened."



Sàr mholadh do dh' Oileanach SMO na Bliadhna

Chaidh an duais airson Oileanach na Bliadhna aig Sabhal Mòr Ostaig a thoirt do dh'Iseabail Flower, a rinn an cursa Gàidhlig is Conaltradh – cursa na ciad bhliadhna do dh'fileantaich. Tha Iseabail am measg grunn oileanach a tha air roghnachadh a thigheann gu Sabhal Mòr Ostaig airson cursa bliadhna a dhèanamh airson am bogadh anns a' chànan.

À Dùn Bàrr bho thùs, tha Iseabail na h-oileanach aig Oilthigh Ghlacchu is i a' dèanamh Gàidhlig agus Frangais. Bha ùidh aice riagh ann an cànanan ach cha b' ann gus a' bhliadhna mu dheireadh aice ann an Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig a fhuair i an cothrom Gàidhlig a dhèanamh 'son a' chìad uair. Bhon uair sin tha Iseabail air obair ionmholt a dhèanamh, is i a-nis fileanta sa Ghàidhlig is air leth dealasach mun chànan anns a h-uile dòigh.

Thuirt Stiùiriche a' Chùrsa, an Dr. Tim Armstrong: "Bha obair-chùrsa Izzy aig ire fior àrd, ach a bharrachd air sin bha i na h-adhbhar brosnachaidh air leth do chàch taobh a-muigh an t-seòdmair-theagaig. 'S e an dùblan as cudromaire, agus uaireannan as iomagainiche, ro na h-oileanaich againn gach bliadhna gu bheil sinn an dùil gun cum a h-uile oileanach, a dh'aindeoin an comasan càinain, ris a' chùmhant Ghàidhlig aca air làrach na Colaiste, a' cumail taic ris an àrainneachd Ghàidhlig againn agus a' brosnachadh càch a chèile gus a' Ghàidhlig a bhruidhinn cho tric 's a ghabhas taobh a-muigh a' chlas. Ann an t-seagh seo bha Izzy sònraichte math. Ghabh i fhèin a h-uile cothrom gus a' Ghàidhlig a bhruidhinn agus thug i brosnachadh agus taic don a h-uile duine a bha na cuideachd airson na bh' aca den chànan a chur gu feum fad an t-siubhail.

"Bidh oileanaich againn a h-uile bliadhna a bhios air thoisearch a thaobh foghlaim is ionnsachaidh agus oileanaich eile a bhios dealasach is brosnachail a thaobh a' chàinain air làrach na Colaiste – choilean Izzy an dà dhùblan sin.

Thuirt Izzy: "Tha mi air leth toilichte gun d' fhuair mi an duais Oileanach na Bliadhna. Bha e na tlachd mhòr dhomh an cursa Gàidhlig is Conaltradh a dhèanamh agus 's e urram a th' ann an soirbheachas agam a bhith air an aithneachadh leis an duais seo."

Lean an Dr Armstrong air: "Tha e na adhbhar brosnachaidh gu bheil oileanaich aig oilthighean eile ag aithneachadh a' chothroim air leth a tha ri fhaighinn aig Sabhal Mòr Ostaig airson bliadhna bhogaidh sa Ghàidhlig a chur seachad. Tha Izzy na fior dheag eisimpleir de nas urrainn do dh'oileanach èasgaidh a dhèanamh ann am bliadhna aig a' Cholaiste, agus nas urrainn do a leithid a dh'oileanach a dhèanamh airson àrainn àraig mar a th' againn an seo a neartachadh."

Tha Izzy cuideachd air duais a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail airson Neach-ionnsachaidh na Bliadhna 2018 a ghlèidheadh agus thèid sin a bhuleachadh oirre aig a' Mhòd fhèin ann an Dùn Omhain.



Gap year student receives SMO's Student of the Year award

The award for Student of the Year was given to Isabelle Flower, who undertook the first year course for fluent speakers – Gàidhlig is Conaltradh. Isabelle is one of a growing number of students who come to Sabhal Mòr Ostaig from Celtic of Gaelic depts at other universities to take a year out and study Gaelic in our immersion environment.

Originally from Dunbar, Izzy is a student at the University of Glasgow, studying Gaelic and French. She always had a keen interest in languages, but it was only in her final year in James Gillespies High School that she got the opportunity to learn Gaelic. Since then Izzy has done incredibly well, achieving fluency in Gaelic and is full of enthusiasm for the language and all that it entails.

Course Leader, Dr Tim Armstrong said: "Izzy simply excelled in her coursework, but above all, Izzy was a unique, positive force this year outside of class. The most important, and also most daunting, challenge that our students face each year is that we expect everyone, regardless of ability, to stick to our Gaelic language covenant while on campus, supporting our immersion environment and encouraging each other to use Gaelic as much as possible outside of class, and Izzy was exceptional in this respect. Not only did she consistently use Gaelic herself, but she non-judgmentally and compassionately encouraged everyone around her to use Gaelic. Each year we have students who excel academically, and also students who are particularly gregarious and supportive of the Gaelic language community on campus, but Izzy was both."

Commenting on her award Izzy said: "I am delighted to be awarded Student of the Year. It was a real pleasure to do this course and it's a great honour for my success to be recognised in this way."

Dr Armstrong continued: "It is encouraging that Sabhal Mòr Ostaig is being recognized by students at other universities as a one-of-a-kind opportunity to complete an immersion year in the Gaelic language, and Izzy represents an outstanding example of what a highly motivated student can achieve in a year at the college and, in turn, what such students can offer back to a unique campus such as ours."

Izzy has also been credited with Royal National Mòd award for Learner of the Year 2018 and will be presented with this award at the Mòd in Dunoon later this month.



Bòrd na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirt gus Bliadhna na h-Òigridh a chomharrachadh

Tha e air a bhith na thoileachas do Bhòrd na Gàidhlig, mar phàirt de Bliadhna na h-Òigridh 2018 ann an Alba, cothroman a ghabhail airson a bhith ag obair air feadh na bliadhna còmhla ri grunn bhuidhnean nàiseanta agus coimhearsnachd gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig gu nàiseanta. Mar thoradh air a' cho-obrachadh sin, chaidh luchd-labhairt òga na Gàidhlig fhastadh ann an dreuchdan aig diofar bhuidhnean nàiseanta is coimhearsnachd gus cur ris an obair a nì na buidhnean sin leis a' Ghàidhlig agus gus ìomhaigh a' chànan a thogail gu nàiseanta agus ann an coimhearsnachdan ionadail.

Am measg nan daoine òga sin tha Shona Nic a' Mhaoilein, a chaidh fhastadh mar Oifigear Leasachaидh Gàidhlig san t-Sultain aig Urras Oighreachd Ghabhsainn, a tha fo shealbh na coimhearsnachd agus a tha stèidhichte ann an Nis ann an Leòdas sna h-Eileanan an Iar. Tha Shona, a bhuineas do Chàrlabhagh ann an Leòdas, ag obair còmhla ri buidhnean is gnothachasan ionadail gus an cuideachadh le bhith a' cleachdadh Gàidhlig san obair làitheil aca agus gus an cànan a neartachadh is a thoirt air adhart agus airson cothroman a chomharrachadh gus obair chom-pàirteach a chur air dhòigh.

Thuirt Agnes Rennie Cathraiche Urras Oighreachd Ghabhsainn "Chan eil teagamh nach e fior dheagh naigheachd a th'ann samhail Shona tighinn air bòrd an sgioba againn aig UOG. Tha an dreuchd seo co-mhaoinichte le Bòrd na Gàidhlig, HIE agus Urras Oighreachd Ghabhsann agus tha e na phàirt chudromach dhan feallsanachd aig an Urrais a thaobh cuir luach anns a chànan agus cultar sgìre an oighreachd"

Thuirt Shona Nic a' Mhaoilean " Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri gnìomhachasan agus buidhnean anns an coimhearsnachd ionadail airson ìomhaigh na Gàidhlig a thogail"

Tha Ruairidh Hamilton, à Dùn Èideann ag obair aig Young Scot, a' bhuidheann-charthannais òigridh nàiseanta a bhios a' toirt seachad fiosrachadh agus a' cur iomairtean air dòigh a thaobh chùisean saoranachd. Bidh a' bhuidheann a' toirt fiosrachadh is molaidhean do dh'òigridh, aois 11-26, agus a' cur iomairtean air dòigh gus an cuideachadh a bhith nan saoranaich mhisneachail, fhiosraichte agus ghnìomhach.

Tha Steaphanaidh Chaimbeul, à Caol Loch Aillse, ag obair airson a' phròiseict, An Àirigh, ann an Gleann Srath Farair, faisg air a' Mhanachainn air Gàidhealtachd na h-Alba. Tha An Àirigh a' tabhann thurasan do sgoiltean agus greisean-còmhnaidh, làithean-saora, cothroman gus obair shaor-thoileach a dhèanamh agus sgoil-àraich a-muigh do chloinn aois 3 gu 5, agus bidh Steaphanaidh a' toirt seachad cothroman ionnsachaidh a-muigh ann an Gàidhlig agus a' cuideachadh leis na cothroman ionnsachaidh Gàidhlig san fharsaingeachd a gheibhear aig An Àirigh.


As t-samhradh, bha Coinneach MacFhraing air fhastadh aig Urras Mhuc-mara nan Eilean buidheann-charthannais glèidhteachas mara stèidhichte ann am Muile a bhios a' toirt na h-obrach aca gu buil tro phrògram de rannsachadh is foghlam, aig a bheil cliù

eadar-nàiseanta, san Ionad Fhiosrachaidh air bòrd a' bhàta aca, Silurian, agus tro bhith a' tadhail air sgoiltean air feadh nan Eileanan A-muigh is A-staigh. Mar phàirt den obair aig Coinneach, bha aige ri leudachadh a dhèanamh air prògram foghlaim an Urrais gus an ghabhdhadh a lìbhrigeadh do sgoilearan ann am foghlam tron Ghàidhlig, agus bha e cuideachd a' toirt bhùihtean-obrach seachad aig muir agus a' stiùireadh obair-faire air tìr agus a' cur thachartasan coimhearsnachd air dòigh.

Ann an co-bhuinn ri Alba Chruthachail, tha am Bòrd air taic a thoirt do ghreisean-trèanaidh do dhaoine ann an dreuchdan cruthachail aig An Lanntair ann an Steòrnabhagh agus Taigh Chearsabhagh ann an Uibhist a Tuath. Tha na dreuchdan sin ann gus taic a thoirt do bhuidhnean ealain/cruthachail le bhith cur ris an obair chruthachail a nì iad ann an Gàidhlig.

'S e Calum Friseal (24) an neach-trèanaidh aig An Lanntair. Tha Calum air fhastadh mar Neach-obrach Prògram nan Ealain Cleasachd fo Thrèanadh agus mar phàirt den dreuchd aige bidh e ag obair leis a' Bhòrd Òigridh ùr aig An Lanntair agus sgioba a' phrògram gus cuideachadh le prògram cruthachail An Lanntair.

Thuirt Daibhidh Boag, Stiùiriche Planadh Càinain is Leasachaidean Coimhearsnachd Bhòrd na Gàidhlig: "Tha sinn fior thoilichte gum b' urrainn dhuinn cuideachadh le bhith a' comharrachadh Bliadhna na h-Òigridh ann an Alba agus gum b' urrainn dhuinn taic mhath a thoirt do dhiofar phròiseactan a tha a' fastadh dhaoine òga le Gàidhlig. Tha sinn gu làdir den bheachd, gum faigh na daoine òga uile, na fastaichean aca agus na coimhearsnachdan far a bheil iad ag obair buannachdan às an taic bhon Bhòrd sa gheàrr-ùine agus thar ùine nas fhaide agus gun dùan e feum dhan Ghàidhlig fhèin airson nam bliadhnaichean ri thiginn."



Bòrd na Gàidhlig partnerships for Year of Young People

As Scotland continues to celebrate the Year of Young People 2018, Bòrd na Gàidhlig has welcomed the opportunity to work throughout the year with a number of national and community organisations to increase the use of Gaelic nationally. These collaborations have resulted in the appointment of young Gaelic speakers to a range of national and community organisations to develop their Gaelic offering as well as raising the profile of Gaelic in national and local communities.

Among the young people is Shona MacMillan who took up the post of Gaelic Development Officer in September with the community-owned Galson Estate Trust based in Ness on the island of Lewis in the Outer Hebrides. Shona, who is from Carloway, Lewis, is working with local organisations and businesses, helping them to use Gaelic in everyday life to strengthen and nurture it and identifying opportunities to work in partnership.

Agnes Rennie, Chair of Galson Estate Trust said "Shona's post, which is jointly funded by Bòrd na Gàidhlig, HIE and Galson Estate Trust is the first step towards our Trust developing a range of initiatives which will reach out across the community to recognise the value of the Gaelic language and culture. There is no doubt that the opportunity to appoint an energetic young Gaelic speaker sends out all the right messages and we are delighted to have her join our team in Galson.

Shona Macmillan said "I am really looking forward to working with the businesses and organisations in the local community helping them to raise and develop the profile of the Gaelic language and culture"

Ruairidh Hamilton from Edinburgh works with Young Scot, the national youth information and citizenship charity which provides young people, aged 11 - 26, with a mixture of information, ideas and incentives to help them become more confident, informed and active citizens.

The Shieling Project in Glen Strathfarrar, near Beauly in the Highlands of Scotland has employed Stephanie Campbell from Kyle. The Shieling offers school trips and residential, holidays, volunteering and an outdoor nursery for 3 to 5 year olds and Stephanie is involved in delivering outdoor learning in Gaelic as well as contributing to the wider potential for Gaelic learning at The Shieling.

During the summer, Kenny Rankin was in post with the Hebridean Whale and Dolphin Trust (HWDT), a Mull-based marine conservation charity that takes action through a programme of internationally-recognised research and education on its dedicated Discovery Centre, aboard their boat, Silurian, and schools visits around the whole of the Hebrides. Kenny's work included expanding the Trust's education programme to make it available to pupils in Gaelic medium education, and delivering floating classroom workshops and headland watches as well as community events.

In partnership with Creative Scotland the Bòrd supported creative traineeships at An Lanntair Arts Centre in Stornoway and Taigh Chearsabhagh in North Uist. These are specifically

targeted at supporting arts/creative organisations to help them develop their creative work in Gaelic. Calum Fraser (24) is employed as a Trainee Performing Arts Programmer at An Lanntair Arts Centre in Stornoway where his role includes working with An Lanntair's new Youth Board and the programming team to support elements of An Lanntair's creative programme work.

Daibhidh Boag, Director of Community Development and Language Planning, Bòrd na Gàidhlig said, "We were delighted to have made a valuable contribution in recognition of Scotland's Year of Young People and to have been able to support the different range of projects which are employing young Gaelic-speaking people. We firmly believe that all the young people, their employers and the communities they serve, will benefit in the long- and short-term from the support that the Bòrd has provided and that the Gaelic language will reap the benefit in years to come"



Duaisean Gàidhlig na h-Alba 2018

Tha Duaisean Gàidhlig na h-Alba a' toirt aithne do na daoine agus buidhnean bho air feadh na dùthcha a tha a' dèanamh obair an lùib iomadh raon a bhuineas do chànan is cultar nan Gàidheal. Thèid na Duaisean a thoirt seachad air Diciadain 14 Samhain san Taigh-òsta Grand Central ann an Glaschu far am bi Cathaidh NicDhòmhnaill na bean an taighe airson na h-oidhche.

Seo an siathamh bliadhna de na Duaisean agus bidh còrr is 200 aoigh an làthair aig cuirm nan duaisean, a' gabhail a-steach nan daoine a tha air a' gheàrr-liosta airson duais, luchd-urrais nan duaisean agus luchd na Gàidhlig. Aig a' chuirn fhèin bidh ceòl agus measgachadh math de dhibhearsain, an dà chuid traidiseanta agus ùr-nodha, mar phàirt den oidhche.

Airson tiogaidean agus fiosrachadh tadhlaibh air <http://www.scottishgaelicawards.co.uk/tickets-sponsorship-gaelic.html>

Airson Geàrr-liostaichean nan Duaisean Gàidhlig 2018 fhaicinn tadhlaibh air <http://www.scottishgaelicawards.co.uk/2018-finalists-gaelic.html>

The Scottish Gaelic Awards 2018

The Scottish Gaelic Awards celebrate Gaelic arts, culture, education and language highlighting the excellent and innovative work that people, communities and organisations do across Scotland and overseas to promote the Gaelic language and culture. The Awards are now in their sixth year and attended by over 200 guests including finalists, event sponsors and members of the Gaelic community. The event itself will be a celebration embracing traditional and modern entertainment.

The Scottish Gaelic Awards will take place on Wednesday 14th November 2018 at the Grand Central Hotel, Glasgow and returning to host the event will be Scottish Broadcaster, Cathy MacDonald. For tickets and further information visit www.scottishgaelicawards.co.uk/tickets-sponsorship.html

To view the Shortlist for the 2018 Scottish Gaelic Awards visit <http://www.scottishgaelicawards.co.uk/2018-finalists.html>



Glèidh àite dhut fhèin

Diciadain 14 Samhain 2018, An Taigh-òsta Grand Central, Glaschu



#DuaiseanGàidhlig



Tha Comhairle nan Leabhrachean, ann an co-bhoinn le Oïlthigh Għlaschu, a' sireadh thagraidhean bho sgrìobhadairean Gàidhlig airson dà fharpais sgrìobhaidh ùr. Bithear a' ruith nam farpaisean seo ann an 2018 a-mhàin, mar chomharra air 50 bliadhna on a chaidh a' bhuidheann a stèidheachadh ann an Ròinn na Ceiltis san Oïlthigh ann an 1968.

'S e farpais bàrdachd a th' ann an **Duais Ruaraidh MhicThòmais**, agus thathar a' sireadh pìosan bàrdachd no òrain air a' chuspair '**Crìochan Ùra**'. Tha iomadach "crìoch" air an gabh beachdachadh agus thathar a' coimhead air adhart ri farsaingeachd de dhàin air a' chuspair.

B' ann fo stiùir an Àrd-Ollamh Ruaraidh MhicThòmais a bha a' chiad choinneamh dhen Chomann Leabhrachean (mar a bh' air a' bhuidheann aig an àm), air 20 Dùblachd 1968. B' e MacThòmais cuideachd, còmhla ri Fionnlagh I. MacDhòmhnaill, a stèidhich an ràitheachan *Gairm* ann an 1951 airson sgrìobhadh Gàidhlig a bhrosnachadh.

Dh'fhoillsich MacThòmais ochd cruinneachaidhean de a bhàrdachd uile gu lèir, agus nam measg, *An Dealbh Briste*, *Creachadh na Clàrsach*, *Smeur an Dòchais* agus *Sùil air Fàire*. Bha e an sàs ann an grunn leabhrachean eile mar ùghdar agus neach-deasaiche, a chuir gu mòr ris an tuigse a th' aig a' mhòr-shluagh air bàrdachd na Gàidhlig, gu h-àraidh *An Introduction to Gaelic Poetry*. Dh' eug Ruaraidh MacThòmais ann an Glaschu ann an 2012.

'S ann mar chuimhneachadh air an sgrìobhadair Chrisella Rois, a chaochail ann an 2017, a tha an dàrna duais, **Duais Cuimhneachaidh Chrisella Rois**. Thathar a' sireadh sgeulachdan airson cloinn aois 7-10, air cuspair sam bith.

Bha Chrisella an sàs ann an saoghal litreachas na Gàidhlig thairis air iomadach bliadhna – mar sgrìobhadair, sgrìobhaiche-dràma, sgeulaiche agus eadar-theangair. B' i an sgriobhaiche a chruthaich an dràma *Bannan* airson BBC Alba. Sgrìobh i leabhrachean chloinne, nam measg *Cuach a' Charthannais*. Bha i na h-eadar-theangair cuideachd aig Acair agus 's iomadh leabhar taitneach chloinne air an do chuir i dreach Gàidhlig eireachdail, nam measg *An Crogall Nach Iarradh gu Uisge* agus *A Shutha Chòir*. Chuir Chrisella seachad beagan tìde cuideachd ag obair mar Oifigear Reic aig Comhairle nan Leabhrachean eadar 1987-88, is i a' siubhal le bhan nan leabhrachean air feadh Alba.

Tha na duaisean ùra seo fosgailte do sgrìobhadairean a tha a' fuireach ann an dùthaich sam bith agus feumaidh iarrtasan a bhith ann an Gàidhlig na h-Alba a-mhàin.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaидh agus riaghailtean air www.gaelicbooks.org.

Feumar iarrtasan a chur a-steach ro 5.00£ air Diluain 5 Samhain. Thèid geàrr-liosta fhoillseachadh aig deireadh na Samhna agus thèid na duaisean a thoirt seachad aig tachartas sònraichte ann an Oïlthigh Għlaschu air Diluain 3 Dùblachd.

Airson an tuilleadh fiosrachaيدh mu bhrath-naidheachd seo, cuiribh fòn gu:

Shelagh Campbell, Oifigear Reic is Margaidheachd, Comhairle nan Leabhrachean air 0141 337 6211

The Gaelic Books Council, in partnership with the University of Glasgow, is seeking entries for two new Gaelic writing competitions. These competitions will be run in 2018 only, to mark 50 years since the organisation was established in the Department of Celtic at the University in 1968.

The Derick Thomson Award is for poetry and song and entries are sought on the theme of '**Crìochan Ùra' (new borders)**. There are many ways to interpret 'borders' and we are looking forward to receiving a wide variety of poems on the subject.

Professor Derick Thomson presided over the first meeting of An Comann Leabhrachean (as it was then called), on the 20th of December 1968. Thomson also established the periodical *Gairm* in 1951, along with Finlay J. MacDonald, with the aim of encouraging Gaelic writing.

Thomson himself wrote eight collections of poetry, including *An Dealbh Briste / The Broken Picture*, *Creachadh na Clàrsach / Plundering the Harp*, *Smeur an Dòchais / The Bramble of Hope* and *Sùil air Fàire / Surveying the Horizon*. He was also involved in many other books as a writer and editor which contributed hugely to the general population's knowledge of Gaelic poetry, especially *An Introduction to Gaelic Poetry*. Derick Thomson died in Glasgow in 2012.

The second award, **The Chrisella Ross Memorial Prize**, is in memory of the writer Chrisella Ross, who died in 2017. It is for stories on any subject for children age 7-10.

Chrisella was involved in the Gaelic literary world for many years – as a writer, dramatist, storyteller and translator. She was the writer who created the popular BBC Alba drama *Bannan* and she wrote children's books, including *Cuach a' Charthannais*. She was also a translator with Acair and produced beautiful Gaelic versions of many popular children's books such as *The Crocodile Who Didn't Like Water* and *Dear Zoo*. Chrisella also spent some time as a Field Officer with the Gaelic Books Council between 1987-88, travelling across Scotland with the book van.

These new awards are open to writers in any country and entries will only be accepted in Scottish Gaelic.

More information and competition rules are available at www.gaelicbooks.org.

Entries must be received by 5.00pm on Monday 5th November. The shortlist will be announced at the end of November and the prizes will be awarded at a special event at the University of Glasgow on Monday 3rd December.

For more information on the content of this press release, contact:

Shelagh Campbell, Sales and Marketing Officer, The Gaelic Books Council on 0141 337 6211



Duais Ruaraidh MhicThòmais

The Derick Thomson Award

airson bàrdachd is òrain Ghàidhlig for Gaelic Poetry and Song

Tha Alasdair Chaluim Alasdair
is Niall Iain Ruaidh
in fhathast
“Crìochan Ùra”

cuspair subject:
duais prize: £500

a' lorg priobadh na siorraideachd,
an dachnigh bhlàth
taobh thall na stoirme,
lòrdan is Ierusalem,
is Müirneag a' feitheamh.

tagraighean submissions: CNL50@gaelicbooks.org

tuilleadh fios more info: www.gaelicbooks.org



**Oilthigh
Għlaschu**

mar chomharra air 50 bliadhna de Chomhairle nan Leabhrachiean
in celebration of 50 years of the Gaelic Books Council



Duais Cuimhneachaidh Chrisella Rois

The Chrisella Ross Memorial Prize

airson sgeulachdan cloinne for children's stories

cuspair subject:

Rosg airson aois 7-10

Prose for age 7-10

duais prize:

£500

ceann-latha deadline:

05/11/18



tagraighean submissions: **CNL50@gaelicbooks.org**

tuilleadh fios more info: **www.gaelicbooks.org**



**Oilthigh
Għlaschu**

mar chomharrha air 50 bliadna de Chomhairle nan Leabhracħeñ
in celebration of 50 years of the Gaelic Books Council





Call na h-Iolaire—The Darkest Dawn


Thèid 'The Darkest Dawn' a chur air bhog an t-seachdain seo, mar phàirt de dh' Fèis Leabhairchean Faclan, san Lanntair, Steòrnabhagh. Tha na tiogaidean gu lèir air an reic airson an tachartas seo. Tha sinn an dòchas gum faic sibh an obair mhòr a rinn Malcolm agus Dòmhnull Iain thairis air 20 bliadhna airson an leabhar seo a chruthachadh. 500 duilleag de dh'fhiorsachadh cudromach.

Airson ro-òrdachadh: [http://www.acairbooks.com/.../refer.../the-darkest-dawn-\(1\).aspx](http://www.acairbooks.com/.../refer.../the-darkest-dawn-(1).aspx)

Call na h-Iolaire—The Darkest Dawn

Acair's 'The Darkest Dawn' will be launched this week in An Lanntair, Stornoway, as part of the Faclan Book Festival. Tickets for the launch are now sold out. We hope that everyone can appreciate the work and dedication that Malcolm and Donald John have put into this book over the past 20 years. 'The Darkest Dawn' is 500 pages of important information about a horrific tragedy.

To pre-order: [http://www.acairbooks.com/.../refer.../the-darkest-dawn-\(1\).aspx](http://www.acairbooks.com/.../refer.../the-darkest-dawn-(1).aspx)



www.acairbooks.com

An còrdadh e ribh dùrachd a chur chun a' chlann agaibh air BBC ALBA?



Bho 17 Sultain bidh cothrom agaibh dùrachd co-là-breith a chur gu clann a tha eadar 1-6 bliadhna a dh'aois.

Nan còrdadh e ribh dùrachd a chur thuca,
bhiodh e sgoinneil cluinntinn bhuaibh.

Cuir post-d gu
clann@bbc.co.uk
leis an fhiorsachadh a leanas:
ainm na cloinne, latha breith &
aireamh fòn.

Airson fiosrachadh eile, cuir fòn thugainn air
0141 422 6190

Tha sinn a' coimhead air adhart ri
cluinntinn bhuaibh!





Would you like to give your child a birthday shout-out on BBC ALBA?

From 17th September BBC ALBA will have a birthdays slot where you can wish children up to the age of 6 a happy birthday.

If you would like your child's birthday mentioned, please send an e-mail to
clann@bbc.co.uk

All we require initially is your child's name, D.O.B. and a contact number.

For more information please call the team on
0141 422 6190

We look forward to hearing from you!





Care for a Cèilidh

‘S e sgeama sònraichte a th’ ann an “Care for a Cèilidh” far am bidh seinneadairean Gàidhlig agus luchd-ciùil traidiseanta a’ cumail cèilidhean ann an taighean-cùram eadar-dhealaichte. Chìthean gu h-iosal measgachadh de dhealbhan bho feadhainn de na cèilidhean mu dheimidh a chaidh a chumail le “Care for a Cèilidh”. Taing mhòr dhuibh uile.

“Care for a ceilidh” is a scheme for Gaelic singers and traditional musicians to provide short concerts to residents of hospices and care homes. Below are a selection of photographs taken at the most recent “Care for a Cèilidh” events. Thanks to everyone who took part.

<https://www.facebook.com/CareForACeilidh>





foghar

LearnGaelic.Scot



Fàilte air ais gu Oisean an Luchd-Ionnsachaidh! Tha sinn airson innse dhut mu na rudan ùra a nocht air ar làrach-lìn san Dàmhair.

Welcome back to our Learners' Corner! We want to update you on what's been happening on our website in October.

An aithne dhut cò às a thàinig am facal 'Dàmhair'? Tha e a' tighinn bho 'damhdàir', an t-àm nuair a bhios na dàimh ruadha a' dàireadh leis na h-èildean. Ionnsaichidh tu tuilleadh mu ainmean nam miosan ann an [Litir do Luchd-Ionnsachaidh 78](#).

Do you know where the meaning of 'Dàmhair' (October) comes from? 'Damh' is the Gaelic word for 'a stag'. 'An Dàmhair' means the time of the 'deer rut'. Find out more about the names of the months in [Litir do Luchd-Ionnsachaidh 78](#).

Mar a bhios fios agad, bidh sinn daonna a' cur fàilte air beachdan mun làraich. Nochd smuain gum biodh faidhle-fuaime airson na cuairt-litreach seachdainich na chuideachadh, agus tha sinn fior thoilichte gu bheil sinn a-nis ga

As you know, we always welcome your ideas about the site. It's been suggested that a sound file of our weekly newsletter would be helpful, and we're thrilled to say that we're now giving it a go! We started piloting the idea this month. We're recording

fheuchainn! Thòisich sinn a' cur a' bheachd gu deuchainn am mìosa. Bidh sinn a' clàradh nan ciad pharagrafan airson gach cuairt-litir seachdaineach. Faodaidh tu èisteachd riutha aig soundcloud.com/learn-gaelic.

Tha sinn ag iarraidh do bheachd air ar n-iomairt ùir. A bheil i feumail? A bheil sinn a' bruidhinn aig an astar cheart? Am bu toil leat measgachadh de ghuthan? Tha na goireasan againn ann airson **do** chuideachaидh air do shlighe ionnsachaидh agus tha sinn a' cur luach mòr **nad** smuaintean.

Tha sinn an-còmhnaidh toilichte cluinnntinn bhuat. Ma bhios tu a' cleachdad nam meadhanan söisealta lorgaidh tu sinn air [Facebook](#), [Twitter](#) is [Instagram](#). Cuideachd faodaidh tu post-d a chur thugainn gu mairi@learngaelic.scot. Faodaidh tu ar cuairt-litir sheachdaineach fhaighinn le bhith a' leigeil fios thugainn air post-d.

the opening paragraphs of each weekly newsletter. You can have a listen at soundcloud.com/learn-gaelic.

We want your feedback on our new venture. Is it useful? Are we speaking at a reasonable pace? Would you like to hear a mixture of voices? Our resources are here to help **you** in your learning journey and we really value **your** input.

We're always pleased to hear from you! If you're on social media you'll find us on [Facebook](#), [Twitter](#) and [Instagram](#). You can also email us with any questions to mairi@learngaelic.scot. You can subscribe to our weekly newsletter via email too.

Gnàthasan-cainnt namìosa/ *Idioms of the month*

www.learnngaelic.scot/dictionary



GE BEAG AN T-UGH THIG EUN ÀS
fuaim / pronunciation bit.ly/2uLfmko

This idiom literally translates as "although the egg is small a bird will come from it". It can be used in the same way as the English saying "great oaks from little acorns grow".

ANN AN CÙL NAN CNOC
fuaim / pronunciation bit.ly/2oZvwQV

This idiom literally translates as "behind the hills" and is used in the same way as the English saying "in the middle of nowhere".

CHA DO BHRIS FACAL MATH FIACAILL A-RIAMH
fuaim / pronunciation bit.ly/1wRhbM3

This idiom literally translates as "a good word never broke a tooth" and is used in the same way as the English saying "a good word never hurt anyone".

Luchd-Tòiseachaidh / *Beginners*

www.learnngaelic.scot/beginners



We've been looking at [units 42–46 of our **Beginners' Course**](#) this month. One of the subjects that we looked at was *jobs*.

Do you know the following vocab?

teacher	tidsear	dentist	fiaclair
farmer	tuathanach	doctor	dotair
shopkeeper	neach-bùthā	nurse	nurs

Additional resources

Speaking Our Language: [Episode 9 – Discussing Jobs](#)

Video clips and a worksheet from the original series

Little By Little: [Unit 6 – Explaining Your Work or Profession](#)

A traditional approach to learning, with units and short quizzes

Cleachd Gàidhlig / Use Gaelic

www.learnngaelic.scot/usegaelic



Seo goireasan do dhaoine a tha seachad air ìre 'neach-tòiseachaidh'.

This is our 'post-beginner' section with resources to develop your Gaelic skills.

Litir do Luchd-ionnsachaidh (Letter to Gaelic Learners)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners.

Tha faidhle-fuaim, teacsa, briathrachas agus puingean cànan rim faighinn annata.

Sound files, text, vocabulary and language notes included.

Litir 1002 [A' Ghàidhlig aig Murrayfield](#)

Letter 1002 [Gaelic at Murrayfield](#)

Litir 1003 [A' Ghàidhlig aig Murrayfield \(2\)](#)

Letter 1003 [Gaelic at Murrayfield \(2\)](#)

Litir 1004 [An Cù-eunaich Buidhe](#)

Letter 1004 [The Golden Retriever](#)

Litir 1005 [Na Trì Leìntean Canaich](#)

Letter 1005 [The Three Bog Cotton Shirts](#)

An Litir Bheag (The Little Letter)

Litir sheachdaineach do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho BBC Radio nan Gàidheal.

BBC Radio nan Gàidheal's weekly letter to Gaelic learners.

Bidh iad seo cuideachail do luchd-ionnsachaidh a tha seachad air ìre-tòiseachaidh.

These will be helpful to learners who are beyond a beginners' level and want to read more.

Tha faidhle fuaim, teacsa agus eadar-theangachadh an cois gach litir.

Audio, text and translation accompany each letter.

Litir Bheag 698 [A' Ghàidhlig aig Murrayfield](#)
Litir Bheag 699 [A' Ghàidhlig aig Murrayfield](#)
Litir Bheag 700 [An Cù-eunaich Buidhe](#)
Litir Bheag 701 [Na Trì Lèinteán Canaich](#)

Little Letter 698 [Gaelic at Murrayfield](#)
Little Letter 699 [Gaelic at Murrayfield \(2\)](#)
Little Letter 700 [The Golden Retriever](#)
Little Letter 701 [Three Bog Cotton Shirts](#)



Coimhead Gàidhlig (Watch Gaelic)

Criomagan bhedio às aonais fo-thiotalan bho phrògraman BBC ALBA le tar-sgrìobhadh Gàidhlig, eadar-theangachadh Beurla agus briathrachas.

Un-subtitled clips from BBC ALBA programmes with a Gaelic transcription, an English translation and vocabulary.

[Biadh: a' déanamh aran-coirce](#)

[Food: making oatcakes](#)

[Biadh: am paidh ùbhlain aig Karen NicLeod](#)

[Food: Karen MacLeod's apple pie](#)

[A bheil Màiri Anna ag innse na firinn?](#)

[Is Mary Anne telling the truth?](#)

[Trì faclan ùra](#)

[Three new words](#)

[Beachdan air Òran Eile don Phrionnsa](#)

[Thoughts on Another Song to the Prince](#)

[Na rionnagan 's na speuran](#)

[The stars and the skies](#)

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Aonad 7a
Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN
Fòn: 01851 703487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Stornoway Office

Unit 7a
James Street
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2QN
Phone: 01851 703487
E-mail: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709705
Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Phone: 01463 709705.
E-mail: seonag@ancomunn.co.uk



www.ancomunn.co.uk

